



# Seirbheis Lìbhrigeadh Ionadail

## Dè th' anns an t-seirbheis Lìbhrigeadh Ionadail?

Tha an t-seirbheis Lìbhrigeadh Ionadail againn air a dèanamh suas de Luchd-comhairleachaidh Taice a fhuair trèanadh sònraichte. Bidh iad stèidhte anns gach sgìre ùghdarras ionadail ann an Alba, agus bidh iad ri làimh gus cuideachadh a thoirt do dhaoine a tha a' dol tron phròiseas airson iarrtas a chur a-steach.

## Cò dh'fhaodas cothrom fhaighinn air an t-seirbheis seo?

Tha an t-seirbheis ri faotainn don a h-uile duine, a' gabhail a-steach luchd-dèiligidh ùr no a tha ann mar-thà, a tha a' fuireach ann an sgìre Ùghdarras Ionadail sam bith ann an Alba.

## Dè bhios Neach-comhairleachaidh Taice a' dèanamh?

Bidh Neach-comhairleachaidh Taice:

- a' toirt fiosrachadh air na sochairean uile a th' againn, a' gabhail a-steach ion-roghnachd, mar a chuireas tu iarrtas a-steach air an son agus mar a gheibh thu cothrom air taic
- a' cuideachadh gus foirmean-iarrtais a choileanadh, an dà chuid foirmean pàipeir agus air-loidhne
- a' cur an gnìomh dearbhaidhean-aithne no dearbhaidhean sgrìobhainne
- a' cuideachadh dhaoine gus fiosrachadh a chur a-steach far an robh atharrachadh sna suidheachaidhean aca
- a' cuideachadh dhaoine gus moladh, gearan no fios air ais a chur a-steach
- a' tabhainn fiosrachadh air a' phròiseas agus air na sgèilean-ama a th' ann airson ath-bhreithneachadh agus ath-thagraidhean
- a' coinneachadh ann an agallamh riuthasan a tha a' dèiligeadh ri gnothaichean às leth cuideigin eile
- a' cur dhaoine gu, agus a' toirt fiosrachadh air, seirbheisean iomchaidh eile a dh'fhaodas comhairle a thoirt dhaibh no ìmpidh a thoirt às an leth, a' gabhail a-steach an t-seirbheis Tagrachd Neo-Eisimeileach a th' aig Riaghaltas na h-Alba.

## Dè nach bi Neach-comhairleachaidh Taice a' dèanamh?

Cha bhi Neach-comhairleachaidh Taice:

- a' cuideachadh gus foirmean-iarrtais a choileanadh airson shochairean bho Roinn na h-Obrach agus nam Peinnsean (DWP) no sochairean bho Ùghdarras Ionadail
- a' dèanamh tagrachd às leth cuideigin
- a' toirt comhairle air iomagainean airgid no air mar a dhèiligear ri fiachan
- a' toirt cobhair le cùisean taigheadais

Ma tha neach a' sireadh taic den leithid sin, bidh an Luchd-comhairleachaidh Taice againn gan cur chun na seirbheise iomchaidh no a' toirt fiosrachadh dhaibh mu deidhinn.



# Social Security Scotland

## Tèarainteachd Shòisealta Alba

### Càit am bi coinneamhan a' gabhail àite?

Faodaidh daoine agallamh a chur air dòigh le Neach-comhairleachaidh Taice ann an suidheachadh agus aig àm a tha freagarrach dhaibh. Thèid coinneamhan a chumail le àm stèidhichte a-mhàin. Tha àite nan coinneamhan a' gabhail a-steach:

- aig ionad sa choimhearsnachd ionadail aca
- ann an dachaigh cuideigin
- ann an ospadal no ann am prìosan
- tro cho-labhairt bhidio
- tro agallamh fòn

### Ciamar a dh'fhaodas neach cothrom fhaighinn air an t-seirbheis?

Faodaidh daoine agallamh a bhucaigeadh le bhith a' cur fòn thugainn air 0800 182 2222. Ma tha feumalachdan agad a thaobh conaltradh no ruigsinneachd, feuch gun toir thu fios thugainn ro làimh air chor 's gum faod sinn na h-ullachaidhean iomchaidh a chur air dòigh.

### Am bi Tèarainteachd Shòisealta Alba a' cumail chlàran de agallamhan?

Bidh sinn a' cumail clàr dealanach airson agallamh sam bith.

Thèid aig Luchd-comhairleachaidh Taice lethbhreacan cruaidh a thoirt dhut de na foirmean-iarrtais, aon uair 's gu bheil iad air an coileanadh, ann an cruthan so-ruigsinneach ma tha thu ag iarraidh.





Bidh sinn a' giullachd tòrr dàta gus an obair againn a dhèanamh. Tha sinn an geall air dìon agus urram a thoirt do phrìobhaideachd luchd-cleachdaidh. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh air mar a chleachdas sinn dàta pearsanta aig [mygov.scot/social-security-data](http://mygov.scot/social-security-data)

### Dè na dòighean eile anns am faod daoine iarrtas a chur a-steach airson shochairan?

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air na sochairan uile againn, agus faodar iarrtas a chur a-steach air-loidhne, aig [mygov.scot/benefits](http://mygov.scot/benefits)

Faodar iarrtas a chur a-steach air an fòn, no iarraidh air foirm-iarrtais pàipeir a chuirear tron phost, le bhith a' cur fòn gu 0800 182 2222.

### Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?

-  Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222
-  Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)
-  Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: [contactscotland-bsl.org](http://contactscotland-bsl.org)
-  Webchat: [chat.socialsecurity.gov.scot](http://chat.socialsecurity.gov.scot)